

# EACHDRAIDH MO BHAILLE



## Notaichean an Tidseir – Litearrachd-sùla

Tha na cairtean seo a' toirt blasad air cò ris a bha beatha coltach anns na làithean a dh'fhalbh ann an Alba. Tha iad a' toirt a-steach beatha làitheil, gnìomhan leithid nigheadaireachd is còcaireachd, amannan sònraichte leithid na Nollaig agus Oidhche Shamhna, beatha air an dùthaich agus beatha anns a' bhaile mhòr.

Faodar na cairtean a chleachdadadh ann an iomadh dòigh; mar eisimpleir tha ceistean air cùl gach cairt airson còmhradh a bhrosnachadh eadar na sgoilearan. Tha beachdan eile gu hìseal cuideachd.

### • **Leudaich an dealbh**

Cuir aon de na cairtean le dealbh ann am meadhan pìos pàipear bànn. larr air na sgoilearan smaoineachadh mu dheidhinn dè dh'faodadh a bhith a' tachairt timcheall air an dealbh. Dè bhiodh an neach anns an dealbh a' faicinn air an taobh eile den t-sealladh? Saoil am biodh duine sam bith eile an làthair? larr air na sgoilearan an dealbh a leudachadh le na smuaintean aca.

Me, mas e is gu bheil sibh a' faicinn na cagailt anns an dealbh, dè eile a dh' fhaodadh a bhith ann am pàirtean eile den t-seòmar nach fhaic sinn anns an dealbh?

### • **Ceistean**

Ann am buidhnean beaga, thoir aon dealbh do gach buidheann. Cuir an dealbh ann am meadhan pìos pàipear bànn. larr air na sgoilearan nas urrainn dhaibh de cheistean a sgrìobhadh mu na tha iad ag iarraidh fhaighinn a-mach mun dealbh. (Cò? Cuin? Ciamar? Càit? Carson? Dè?)

Dh'faodadh iad an uair sin na ceistean a sheòrsachadh ann an diofar dhòighean. Me,  
Dè na ceistean a bheireadh freagairtean a tha fior agus dè na ceistean a bheireadh beachdan?  
Dè na ceistean a tha fosgailte agus dè na ceistean a tha dùinte?  
Dè na ceistean a bhiodh furasta a fhreagairt agus dè na ceistean a bhiodh doirbh? Carson?  
Dè na ceistean as inntinniche? Carson?  
Ciamar a gheibheadh sibh freagairtean do na ceistean agaibh?

### • **Deasbad air cuairt**

Tagh dealbh no sleath de dhealbhan agus cur suas pìosan pàipeir air gach taobh den chlas le "tha mi ag aontachadh", "chan eil mi ag aontachadh", agus "chan eil mi cinnteach" sgrìobhete orra. Bidh na sgoilearan a' gluasad an t-soidhne a rèir nam beachdan aca. larr air na sgoilearan am beachd a mhìneachadh. Mas e is gu bheil sgoilearan eile ag aontachadh ris a' bheachd seo, faodaidh iad a ghluasad.



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig



**Bòrd na  
Gàidhlig**

## **Beachdan airson deasbad**

Tha Oidhche Shamhna nas spòrsaille san latha an-diugh na bha e san àm a dh'fhalbh.  
Bha beatha nas dorra do bhoireannach san àm a dh'fhalbh na tha e an-diugh.  
Tha beatha nas fheàrr leis an teicneòlas a th' againn san latha an-diugh.

- **Faireachdainnean**

Tagh an dealbh a tha a' rioxhdachadh fhaireachdainnean anns an dòigh as fheàrr. Me, dòchas, strì, toileachas.

- **Loidhne-tìm**

Cuir na dealbhan ann an òrdugh a' tòiseachadh leis an dealbh as sine.

- **Dèan stòiridh**

Tagh dealbh agus ann am buidhnean beaga, iarr air na sgoilearan sgeulachd a chruthachadh stèidhichte air an dealbh. Faodaidh iad an sgeulachd innse, a sgrìobhadh no dealbh-chluich a dhèanamh.

- **Builgeanan cainnt no smuain**

Tagh dealbh de chuideigin, agus ann am buidhnean beaga, iarr air na sgoilearan beachdachadh air na tha an neach sin a' smaoineachadh. Dèan builgeanan cainnt no builgeanan smuain air notaichean steigeach agus cuir ris an dealbh iad.

- **Map**

Cuir na dealbhan air map de dh'Alba.

Cuimhnichibh nach bi dealbhan a' sealltainn ach pìos glè bheag dè sgeulachd. Dh'fhaodadh sibh ceangal a dhèanamh ri dealbhan a chì sibh anns na pàipearan agus air na meadhanan sòisealta.



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig



**Bòrd na  
Gàidhlig**